

Siuthad! Gabh òran!



Cnoc na Fèille

(le Calum agus Ruairidh MacDhòmhnaill bhon chlàr *Heartland* le Runrig air Ridge Records)

Gun dragh gun d' chuir e an t-eagal oirnn
Solas Cnoc na Fèille
Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Sèist:

Hogainn o, hogainn o, ho ro ho ro illean
Hogainn o, ho ro illean, hogainn o horainn o.


Bha feadhainn ann a chunnaic e
'S càch ag innse nam breugan
Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Ach muinntir an dà shealladh
Chitheadh iadsan co-dhiù e
Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Tha lach is gèadh is curracag
Nan caraidean air a' mhachaire
Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Tha feannag air a crochadh suas
Ceangailte le ròpa
Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.

Tha coineanach sa ghainmhich
Na sheasamh, abair urchaire
Hogainn o ro ho ro illean ho ro eile.



Siuthad! Gabh òran!



A' coiseachd anns a' bhaile


(Faclann: Shona NicCarraig
Air fonn: *Gabhaidh sinn an Rathad Mòr*)

Ri taobh, mu choinneimh, cli no deas?
A' chiad, an dàrna no an treas?
Ri taobh, mu choinneimh, cli no deas?
A' coiseachd anns a' bhaile.

Gabh an rathad air do làimh chli
A-steach dhan chafaidh, cupa tì
Gabh an rathad air do làimh chli
A' coiseachd anns a' bhaile.

Gabh an rathad air do làimh dheis
Bidh thu air beulaibh bùth an èisg
Gabh an rathad air do làimh dheis
A' coiseachd anns a' bhaile.

Ri taobh na pàirc' tha bùth nam bròg
Taigh-òsta snog aig ceann an rathaid
Ri taobh na pàirc' tha bùth nam bròg
A' coiseachd anns a' bhaile.



Siuthad! Gabh òran!



Turas na Side

(Faclan: Shona NicCarraig)


Air fonn: *Mo dhachaigh*)

Sèist: Seinn hiribh o hiùraibh o hugaibh o hì
A' fàgail mo dhachaigh an seo am Port Rìgh
Thèid sinn a Mhuile, a dh'ìle 's Thìriodh
A' falbh air turas 'son seachdain.

Bha mise air saor-làithean thall anns an Spàinn
Bha an t-sìde cho ciùin is cho grianach 's cho blàth
Fhuair sinn taigh-òsta bha faisg air an tràigh
A' snàmh is a' gabhail na grèine.

Chaidh mi a sgitheadh a-null dhan Fhraing
Thuit mi san t-sneachd is bha mis' ann an staing
Chaidh mi dhan ospadal 's thug mi ceud taing
Dhan dotair bha laghach is coibhneil.

Chaidh mi a Leòdhas, a dh'Eilean an Fhraoich
Bha 'n t-uisge a' tuiteam, bha Steòrnabhagh fuar
Tàirneanaich, dealanaich, stoirm cho mòr
Nach d' fhuair sinn air falbh air bàta.



Siuthad! Gabh òran!



Òran na Maighdinn-mhara

(Seumas Camshron, An Comunn Gàidhealach - air a sheinn le Iseabail NicAsgaill air a' chlàr *Sioda* (Macmeanmna))

A-mach air bhàrr nan stuagh ri gaillinn
Fuachd is feannadh fad o thìr
Bha mo ghaol dhut daonnan fallain
Ged is maighdeann-mhara mi.

U-bha is na hoireann u bha
U-bha is na hoireann i
U-bha is na hoireann u bha
'S ann le foill a mheall thu mi.

Chan eil mo chadal-sa ach luaineach
Nuair bhios buaireas air an t-sìd'
Bha mi 'raoir an Coire Bhreacain
Bidh mi 'nochd an Eilean Idh'.

Seall is faic an grunn na fairge
Uamhan airgid 's òir gun dìth
Lainnreachd chan fhaca sùil e
Ann an cùirt no lùchairt rìgh.

